

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 5 | 2012 | AN CEITEAN

## Facal Toisich

Sgrìobh mi an teachdaireachd seo anns a' Mhàrt nuair a bha grunn làithean grianach blàth againn. Ann an ceann a tuath na h-Alba bha làithean cho teth ann agus a bha riamh againn air a' mhìos seo bho thòisich daoine a' cumail fiosrachaidh mun aimsir. Bha an t-eilean Sgitheanach na bu teotha na eileanan eile, leithid Mallorca, air am bi luchd-turais a' siubhal agus iad an tòir air a' ghrèin.

Tha eagal air cuid gum bi Breatannaich a' dol gu tìrean cèin air a' bhliadhna seo agus an dùthaich againne gu bhith cho fìor thrang an cois nan Geamachan mòra Olimpianach. Tha bùird an luchd-turais a' cur ìmpidh air daoine na làithean saora aca a chur seachad ann am Breatann gun a bhith a' teicheadh gu àiteachan eile, tarraingeach agus gu bheil iad.

Tha e fìor gu bheil na ceudan de dh'àiteachan àlainn air a' Ghàidhealtachd air nach do thadhail a' chuid-mhòr againn. Tha am Fear-deasachaidh air a bhith a' fuireach ann an Earra Ghàidheal fad iomadh bliadhna, ach chan fhaca e fhathast ach cuibhreann de na seallaidhean brèagha agus na h-ionadan eachdraidheil a tha air feadh na siorrachd seo. Thadhail e air cuid de dh'eileanan Earra Ghàidheal, ach tha feadhainn eile ann air nach do chuir e cuairt fhathast.

Timcheall oirnn uile tha làraich a bha ainmeil ann an eachdraidh na h-Eaglais, o àm Chalum Chille. Bhiodh e math cur romhainn tadhal air cuid de na h-àiteachan sin air an t-samhradh seo. Dùisgidh e iomadh smuain nar cridhe a bhith nar seasamh ann an àite far am biodh ar sinnsirean a' tighinn cruinn anns na linntean a dh'fhalbh a dh'èisteachd ris an t-Soisgeul a tha fhathast a' labhairt rinne anns a' ghinealach anns a bheil sinne beò.

**Leis gach deagh dhùrachd,  
Ruairidh MacLeòid.0**



*The Hebridean Isles*

**On mhìos seo bidh luchd-turais 'nam mìltean a' cur an aghaidh air na h-Eileanan an Iar. 'Nam measg bidh eileanaich a tha a' fuireach air tìr-mòr agus gu dearbh air feadh an t-saoghail agus iad a' tilleadh dhachaigh gu àite an àraich. An seo chì sibh The Hebridean Isles goirid an dèidh dhi a bhith air a cur air bhog agus i a' fàgail Loch nam Madadh. Tha cuimhne aig cuid againn air bàtaichean smùide nach robh cho cofhurtail, leithid na Lochmor.**

## Cùil Nan Ceist

Anns a' Chèitean bidh ministearan agus eildearan às gach ceàrn de dh'Alba, agus à dùthchannan thall thairis cuideachd, a' tighinn cruinn ann an Dùn Eideann aig àm an Ard-dheanaidh. Tha sinn an turas seo a' cur cheist oirbh mu amannan ann an eachdraidh a' Bhìobaill nuair a bha creidmich a' tighinn cruinn ann an co-chomann. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Dè an latha sònraichte air an robh luchd-leanmhainn losa 'nam mìltean cruinn ann an aon àite? (Gnìomharan, caibideil 2.)
2. Lìon a' bheàrn: "Cruinnich ri chèile na h---- uile a gheibhear ann an Susan." (Ester, caibideil 4.)
3. Càit an deachaidh an salmair leis a' mhòr-shluagh? (Salm 42.)
4. Càit an cualas guth àrd mhòr-shluagh? (Taisbeanadh, caibideil 19.)

# Stòiridhean – 5

Tha mi a' smaoinichadh gur e an stòiridh seo a b'fheàrr a chòrd rium fhìn.

Bha duine saidhbhir aig an robh aon mhac agus bu toigh leo le chèile a bhith a' ceannach dhealbhan luachmhor. Bha Picassos is Rembrandts is eile aca. Bha cùisean gu math gus an deach am mac a mharbhadh ann an cogadh Vietnam.

Mu mhìos an dèidh seo thàinig gille òg chun an dorais le parsail aig fo 'achlais. *Thàinig mi gur faicinn oir shabhail do mhac mise agus iomadach duine eile. Bhiodh e tric a' bruidheann oirbh agus air na dealbhan luachmhor a bha agaibh. Chan e neach-ealain math a tha annam-sa ach rinn mi an dealbh seo ded mhac agus bha mi airson a thoirt dhuibh.*

Bha athair a' ghille air a bheò-ghlacadh leis an dealbh agus bha e airson an gille òg a phàigheadh ach cha b'ann airson pàigheadh a rinn e an dealbh. Chroch an duine an dealbh os cionn an teine agus bhiodh e a' toirt a h-uile duine ga fhacinn.

Bhàsaich an duine goirid as dèidh seo agus bha rup mòr gu bhith ann de na dealbhan ainmeil aige agus thàinig daoine às gach ceàrnaidh airson an rup.

Air a' phlatform bha dealbh a mhic. *Tha sinn a' dol a thòiseachadh le dealbh seo, dealbh a mhic. Cò a tha a' dol a chur tairgse?* Bha an rùm 'na thosd. Cha robh daoine air an dòigh. *Coma leat dhan mhac. Thèid chun an stuth cheart!* Dh'èigh cuideigin, ach chum an t-auchioneer air, *Am mac, am mac, cò a ghabhas am mac?*

Mu dheireadh thàinig guth bho chùl na rùm. 'S e an seann ghàirnealair a bha ann.

*Bheir mise deich air a shon.*

*Cò a bheir fichead?* Dh'èigh an t-auchioneer, ach bha an rùm sàmhach. Cha robh iad ag iarraidh dealbh a' mhic. Bha iad a' feitheamh ris na dealbhan cliùiteach.

Chuir an t-auchioneer sìos an gabhal. *Tha an rup seachad. Tha am fear a fhuair am mac a' faighinn a h-uile càil.*

Iarraibh air tùs rìoghachd Dhè agus 'fhìreantachd-san agus cuirear na nithean seo uile ribh.

# Searmon Beag

*Do bhrìgh gu bheil thu meagh-bhlàth.* (Leabhar an Taisbeanaidh 3:16)

'S e a tha againn anns an darna caibideil agus anns an treas caibideil anns an Taisbeanadh ach "litricean" o losa gu seachd eaglaisean anns an Asia, seachd coitheanalan anns na ceàrnaidhean far a bheil an Tuirc agus dùthchannan eile an-diugh. Anns na litrichean tha comhairle agus geallaidhean.

Tha gach eaglais eadar-dhealaichte, mar a tha eaglaisean ar linne fhèin, le rudan ionmholta agus rudan nach eil cho brèagha. Ach chan eil nì math sam bith ri ràdh mu eaglais Laodicèa.

Cha b'ann mar sin a bha muinntir Laodicèa gam faicinn fhèin. Cha robh dad ceàrr air a' coitheanal acasan. Gu cinnteach bha iad saidhbhir a thaobh nithean an t-saoghail seo, ach a thaobh rudan spioradail bha iad dòrainneach agus truagh, bochd agus dall.

Bha seo gu sònraichte air a chur às leth eaglais Laodicèa – bha iad meagh-bhlàth.

Fo iomadh sealladh 's e baile adhartach a bha ann an Laodicèa. Bha uisge aca air a ghiùlan astar mòr chun a' bhaile ann an amar-uisge no feadan. Ach mus ruigeadh e am baile bha e air fàs meagh-bhlàth, seadh, bha blas air an uisge a dh'fhàgadh cuid de dhaoine tinn.

Sin mar a bha beatha spioradail coitheanal Laodicèa. Meagh-bhlàth.

Dè a tha cho blasta air latha fuar ri cupa de thì theth? Ach tì a tha flodach, meagh-bhlàth, chan eil sin ro-thaitneach.

Cuiridh truinnsair de bhrot teth blàths annad ma tha thu a' faireachadh an fhuachd. Ach brot meagh-bhlàth, a-nis chan eil sin idir càileil.

Anns an t-suidheachadh seo ann an Leabhar an Taisbeanaidh, dè as ciall don fhacal *meagh-bhlàth*?

*Do bhrìgh gu bheil thu meagh-bhlàth, agus nach eil thu aon chuid fuar no teth.*

Faodaidh am facal a bhith a' ciallachadh coma co-dhiù, caoin-shuarach.

Tha an cunnart ann gum fàs buidheann sam bith, eaglais no co-chomann eile, meagh-bhlàth. Chan eil iad cho dealasach, cho dùrachdach, agus a bha iad uaireigin. Bha clann Israeil air an gairm gu bhith a' dèanamh seirbheis do Dhia len uile chridhe, chan ann le cas a' falbh agus cas a' fuireach, mar a chanas sinn. Thubhairt losa fhèin, *Esan nach eil leam, tha e 'nam aghaidh.*

Anns an t-Seann Tiomnadh chuir Eliah, an dà thaobh, an dà roghainn, gu soilleir fa chomhair an t-sluaigh. Thubhairt e: *Cia fhad a bhios sibh anns an ioma-chomhairle eadar dhà bharail? Mas e an Tighearna as Dia ann, leanaibh E; agus mas e Bàal, leanaibh esan.*

Cha robh am fàidh meagh-bhlàth a thaobh na ceist seo. Thubhairt e, *Air mo shon-sa agus airson mo thaighe, nì sinne seirbheis do Tighearna.*

Ach bha dòchas ann do dh'eaglais mheagh-bhlàth Laodicèa. Bha iad air losa fhàgail air an taobh a-muigh. Ach bha E air an starsaich, ag iarraidh a-steach. Nam fosgladh iad an doras dhàsan bhiodh blàths agus co-chomann agus neart spioradail aca a-rithist.

# Leabhraichean

Anns an Lùnasdal 1940 chaochail ann an ospadal Steòrnabhaigh duine iongantach air an robh Murchadh Dòmhnallach. Dh'fhàg e às a dhèidh laoidh a chaidh fhoillseachadh air *Na Duilleagan Gàidhlig* barrachd air aon turas, *Do Lorg 's do Bhata Treun*. A rèir aithris lorgadh faclan na laoidh fon chluasaig aig Murchadh anns an taigh-eiridinn.

'S ann mar "Mhurchadh Chròla" as fheàrr as aithne do mhuinntir nan eilean e, oir rugadh e ann am baile beag air leth iomallach air crìochan Leòdhais agus na Hearadh, Cròla aig Ceann Loch Reusoir.

Cha robh cothrom aig Murchadh sgoil a fhrithealadh 'na òige, ach rinn e adhartas mìorbhaileach leis fhèin. Sgrìobhadh e Beurla gu snasail. 'Na litrichean nochd e beachdan làidir air

## Murdo Crola

**le Iain Mac a' Ghobhainn agus Murchadh MacGhillinnein (The Islands Book Trust. £5)**

ceistean poiliteach an latha. Chuir e eòlas air Laideann agus Greugais. Shoirbhich leis anns na deuchainnean airson a bhith 'na oileanach ann an Oilthaigh Ghlaschu. Ach ràinig e ceann a thurais anns an t-saoghal seo mun tàinig na comasan aige gu làn ìre.

Tha an leabhran tlachdmhor ag innse dhuinn mun duine annasach seo. Tha sinn fada an comain an dà sgrìobhaiche airson na tha de dh'fhiosrachadh mu Mhurchadh Chròla a thoirt còmhla. Agus ar taing aig Urras nan Eilean a tha air leabhar eile a thoirt dhuinn a tha a' cur ri ar n-eòlas air eachdraidh nan daoine on tàinig sinn. Tha sinn fo fhìachan cuideachd do dh'Iain Mac a' Ghobhainn agus Murchadh MacGhillinnein a dheasaich an leabhran.



Tha sinn fada an comain ar bana-charaid, Anna Ghreum às an Oban, a chuir thugainn an dealbh gu h-àrd. Anns an t-Sultain 1931 chaidh talla ùr air an robh an *John Duff Memorial Hall* fhosgladh gu h-oifigeil ann an Leumrabhagh ann an Leòdhas.

Anns an dealbh chì sibh buidheann de dhaoine cruinn an taobh a-muigh taigh a' mhisein aig an t-seirbheis fhosglaidh. Rinn na miseanaraidhean obair air leth ionmholta ann an sgìrean a bha sgapte agus iomallach. Cha robh na rathaidean cho math agus a tha iad nar latha, agus cha robh na goireasan-siubhail ann ris a bheil sinne cho cleachdte an-diugh. Bhiodh miseanaraidhean aig an *West Coast Mission* a bhuineadh do dh'Eaglais na h-Alba agus don Eaglais Shaoir. Bha athair Anna air fear de na miseanaraidhean a rinn seirbheis dhileas don Eaglais ann an Leumrabhagh agus ann an sgìrean eile ann an Leòdhas.

Tha cuimhneachain bhlàtha aig Anna Ghreumach air na bliadhnachan sona a chuir an teaghlach seachad ann an Leumrabhagh nuair a bha a h-athair suidhichte mar mhiseanaraidh an sin. Sin far an do rugadh agus far an do thogadh i fhèin agus an dithis eile anns an teaghlach.

Buinidh a' chuid mhòr de mhuintir na Pàirce don Eaglais Shaoir. Bha eaglais agus mansa (agus ministear) aig an Eaglais

Shaoir ann an Grabhair on naodhamh linn deug.

Fhuair a' Phàirc inbhe coitheanail o Eaglais na h-Alba agus chaidh eaglais agus mansa a thogail. Fhuair an coitheanal ùr cead ministear a ghairm. B'e an t-Urr. Uilleam MacCoinnich a' cheud mhinistear a bha air an sgìr ùir seo. Bha esan ann eadar 1963 agus 1967. Ann an 1968 chaidh an t-Urr. Dòmhnall MacAmhlaigh a phòsadh ri coitheanal na Pàirce. Ann an 1995 rinneadh aonadh eadar coitheanal na Pàirce agus coitheanal Cheann an Loch agus an t-Urr. Dòmhnall Aonghas MacGhillinnein os cionn a' choitheanail aonaichte.

Tha cuimhne chùbhraidh aig an Fhear-dheasachaidh a bhith air Comanachadh na Pàirce barrachd air aon turas nuair a bha Dòmhnall MacAmhlaigh os cionn a' choitheanail.

## Seòl mo Cheum gu Iosa

Anns a' Mhàrt chaochail bàrd Gàidhlig cho ainmeil agus a bha beò anns an linn againne, Ruairidh MacThòmais, agus e seachad air ceithir fichead agus deich. Chuir na ginealaichean de dh'oileanaich ann an Obar Dheadhain agus ann an Glaschu luach air mar fhear-teagaisg. B'e am Proifeasair MacThòmais a stèidhich *Gairm* agus dh'fhàg e dìleab phrìseil cuideachd anns na sgrìobhaidhean a chuir e a-mach mu litreachas na Gàidhlig.

Bha athair Ruairidh, Seumas MacThòmais, e fhèin 'na bhàrd comasach. Lorg sinn anns na Duilleagan Gàidhlig aig an Eaglais Shaoir Aonaichte, An *Fhianuis Ghàidhealach*, laoidh bheag shìmplidh a sgrìobh e a chuireadh an clò ann an iris a' Mhàirt, 1924. Tha cumadh an dàin agus cainnt an dàin coltach ri sailm Dhaibhidh.

*O seòl mo cheum gu Iosa,  
Is glèidh mi 'n dìon a ghràidh;  
Is deàraich le do sholas-iùil,  
Gam stiùireadh anns gach càs.*

*O seòl mo cheum gu Iosa,  
'S mi fann a' triall gun treòir;  
Cha tràig E neach dan tug E spèis,  
Chan fhàg air èis san ròd.*

*O seòl mo cheum gu Iosa,  
'S mi iargaineach leam fèin;  
Is bheir E sonas domh fa-dheòidh  
Gam chòmhnadh ann am fheum.*

*O seòl mo cheum gu Iosa,  
Nuair ruigeas crìoch mo rè;  
Is gabhaidh Tu mi steach fa-dheòidh  
Do chùirtibh àrd nan speur.*

## Gàidhlig Shìmplidh

Ceann-teagaisg airson a' mhios seo: "Mar bhuachaille beathaichidh e a threud." Tha na

facnan sin ann an leabhar Isaiah. Chì sinn iad anns an dà fhicheadamh caibideil, aig an aona rann deug. (Isaiah 40:11) Dè na dòighean anns a bheil Iosa coltach ri buachaille? Tha e eòlach air gach caora. Ma thèid aon chaora air chall bidh E gan lorg. Bidh E a' dìon nan caorach, a' cumail faire orra, air an latha agus air an oidhche. 'S e seo am Buachaille Math nach cuir cùl ris na caoraich.

A h-uile latha bidh sinn a' cluinntinn naidheachdan duilich air an ràdio agus air an telebhisean. Bidh sinn a'

leughadh iomadh sgeulachd anns na pàipearan-naidheachd a chuireas bròn oirnn. Ach chan eil a h-uile rud dorcha. Cluinnidh sinn cuideachd mu ghnìomharan coibhneil. Tha buidhnean carthannais ag obair ann an àiteachan far a bheil bochdainn. Tha dotairean agus banaltraman a' cuideachadh feadhainn a tha easlan. Anns a h-uile coimhearsnachd tha daoine a' dèanamh cobhair air an nàbaidhean. Chan e sin na prìomh naidheachdan a leughas sinn, ach tha iad cudthromach.

Seanfhacal airson a' mhios seo: "Duine dùr, duine gun tùr." (A

stubborn man, a senseless man.) Gu tric anns an t-Seann Tiomnadh bha clann Israeil rag. Chan èisteadh iad ris an fheadhainn a bha a' toirt comhairle dhaibh, Maois agus ceannardan eile. Chan èisteadh iad ri guth Dhè. 'S e an duine glic a bhios ag aideachadh gu bheil e ceàrr. Cha bhì an duine dùr ag iarraidh a bheachd atharrachadh. 'S e an duine glic a bhios ag atharrachadh a chùrsa nuair a thèid e iomrall.

Tha an saoghal a' fàs nas lugha, bidh sinn ag ràdh. Tha na cuantan cho farsaing agus a bha iad riann. Tha an t-aon astar

eadar Alba agus Canada agus a bha ann nuair a chaidh Gàidheil a-null thairis an toiseach. Ach tha goireasan-siubhail nas luaithe. Tha an t-eadar-lìon a' toirt dhaoine nas fhaisge air a chèile. An-uiridh rinn eildear à Earra Ghàidheal a dhachaigh ann an Astràilia an-uiridh. Ach leis an eadar-lìon bidh e a' cluinntinn mun eaglais anns an sgìr anns an robh e a' fuireach. Agus bidh esan ag innse mu bheatha na h-eaglais anns a' cheàrn de dh'Astràilia anns a bheil e an-diugh.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air a' cheud dhuilleig mu chruinneachaidhean de dhaoine anns a' Bhìoball. 1. Latha na Caingis. 2. ---lùdhaich--- 3. Gu taigh Dhè. 4. Air nèamh.

### RANN

*O Heroid, faic a-nis an Rìgh,  
Dan tug thu spìd is masladh mòr,  
Ga sgeadachadh le trusgan ruadh,  
Mar shuaineas sgallais air a ghlòir.*

Anns an dàn fhada, *Latha a' Bhreitheanais*, anns a bheil còrr math is ceud ceathramh, tha Dùghall Bochannan ag innse mar a bhios cùisean air an tionndadh bun os cionn air an latha dheireannach. Anns an rann seo tha e a' beachdachadh air suidheachadh Heroid air an latha mhòr sin.

### SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH

Bidh an t-àite cudthromach a tha aig a' Ghàidhlig ann am beatha Eaglais na h-Alba air a chomharachadh gach bliadhna nuair a bhios seirbheis Ghàidhlig aig an Ard-sheanadh agus am Moderàtor a' toirt seachad a' Bheannachaidh ann an cànan nan Gàidheal. (Cha chuala sinn ach mu aon Mhoderàtor a dhiùlt am Beannachadh a lìbhrigeadh ann an Gàidhlig.) Am bliadhna bidh an t-seirbheis ann an Eaglais nam Manach Liath ann an Dùn Eideann air Didòmhnaich am ficheadamh latha den Chèitean aig leth-uair an dèidh meadhan-latha. Bidh tì an dèidh na seirbheis agus cothrom a bhith a' còmhradh ri càirdean.

### MOLADH MOR

Thug sinn iomradh goirid air a' mhìos a dh'fhalbh air an Oll. Uilleam Mac an t-Saoir a chaochail aig deireadh a' Ghearrain. Bha aithrisean na b'fhaide anns na pàipearan-naidheachd air beatha agus saothair a' mhinistear chliùitich seo. Rugadh e ann an Aird Shlèite nuair a bha 'athair 'na miseanaraidhean anns an Eilean Sgitheanach. Bha cuimhne aig daoine nuair a bha e 'na mhinistear ann am Fìobha air mar a bhiodh e ag ainmeachadh gach tuathanachas anns an sgìr ann an ùrnaigh aig seirbheis thaingealachd an fhoghair, agus gach bàt'-iasgaich a bha anns a' chala nuair a bhiodh seirbheis aige airson luchd na mara.

### A' CHOINNEAMH GHÀIDHEALACH

Bidh a' Choinneamh Ghàidhealach an Ard-sheanaidh air a cumail air Diceudaoin, an treas latha fichead den

Chèitean. Mar as àbhaist, bidh a' choinneamh anns an Netherbow air an Ard-sràid ann an Dùn Eideann. Bidh tì agus conaltradh ann eadar ceithir uairean feasgar agus còig, agus bidh òraid ann eadar còig agus sia. Tha sinn an dòchas gum bi cruinneachadh gasta an-làthair de chàirdean à Dùn Eideann agus à ìteachan eile.

### ADHBHAR GAIRE

Bha an t-Urr. Teàrlach MacEacharna air fear de shiathnar a bha a' searmonachadh airson sgìr Thaigh na Bruthaich ann an Earra Ghàidheal. Bha e rud-eigin iomaigeanach agus e ann an co-fharpais ri còignear eile. Chuir e telegram gu a bhràthair bu shine, a bha cuideachd 'na mhinistear, a shireadh comhairle. Thàinig fios air ais: "Searmonaich an Soisgeul agus breith air làimh a' mhaoir-eaglais." Shearmonaich e trì tursan air an t-Sàbaid, agus mun do dh'fhàg e Taigh na Bruthaich rinn e aona cheann air tadhal air a' bheadal. Thug e crathadh-làimhe cridheil don mhaor-eaglais. Chuala e gun tuit am beadal, "Sin an duine againne. Tha crathadh-làimhe làidir aige."

## Urnaigh

A Dhè ar Cruthaidhear,  
chì sinn do ghlòir agus do chumhachd  
fad na bliadhna,  
ann am fuachd a' gheamhraidh  
agus ann am blàths an t-samhraidh.  
Tha sinn a' toirt taing dhut  
airson mìos a' Chèitein  
nuair a bhios sùil againn  
ri làithean grianach soilleir.  
Gum biodh maise a' chruthachaidh  
a' toirt oirnn  
a bhith a' togail ar guth agus ar cridhe  
ann an òran-molaidh dhut.

Amen

An dealbh air aghaidh nan Duilleag:  
Seo sealladh cho ainmeil, ceangailte  
ri eachraidh na h-Eaglais agus  
a chithear ann an Alba. Air  
an t-samhradh seo bidh na mìltean  
a' tadhal air eilean I. Anns an dealbh seo  
tha luchd-cuairt aig na seann  
làraichean faisg air ceud bliadhna air ais.